

Tuairmse agus cruinneachadh

Teirmean	Eisimpleirean	Mìneachaidhean
Fìor		Am freagairt ceart.
Tuairmseach / Tuairmseadh		'Freagairt tuairmseach' a thoirt seachad a dh'fhaodadh a bhith faisg air an fhreagairt ach gun a bhith mar an fhìor fhreagairt.
Ìre mionaideachd		An ìre de mhionaideachd gus àireamh a chruinneachadh gu: <ul style="list-style-type: none"> • an 10, 100, 1000 as fhaisge. • 1 ionad deiceach • 3 figearan sònraichte
Tuairmse		Dèanamh coimeas eadar diofar mheudan is uimhreachan a' cleachdadh briathrachas iomchaidh airson iomradh a thoirt orra a thaobh càch a chèile, me. <i>nas fhaide / nas giorra, as aotroma / as troma</i> . Tomhas 'reusanta'. Ro-innse fhuasglaidhean agus a' sgrùdadh mionaideachd àireamhachaidh, me. <i>tuairmseadh 317 + 498 gu bhith 300 + 500 = 800 agus a' coimeasadh na tuairmse ris an fhìor fhuasgladh</i> .
Cruinneachadh		Is urrainn do chruinneachadh obair le àireamhan a dhèanamh nas fhasa, me. <ul style="list-style-type: none"> • Cruinnich àireamh gu an 10 as fhaisge (no iomad de 10) • <i>Ann an cur-ris 42 agus 98, cruinnich sìos 42 gu 40 agus cruinnich suas 98 gu 100 gus freagairt thuairmseach fhaighinn.</i> • <i>Ann an co-theacs ionadan deiceach, me. 5.634 = 5.6 (cruinnich suas gu 1 ionad deiceach) no 5.63 (gu 2 ionad deiceach).</i> • <i>Ann an co-theacs figearan sònraichte, me. 0.00421 = 0.0042 (gu 2 fhigear brigheil).</i>

Tuairmse agus cruinneachadh


<p>Riaghailtean cruinneachaidh</p>		<p>Is iad riaghailtean cruinneachaidh coitcheann:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Ma tha an àireamh a tha thu a' cruinneachadh air a leantainn le 5, 6, 7, 8, no 9, cruinnich an àireamh suas. Eisimpleir: tha 38 cruinnichte gu an deich as fhaisge gu 40, no 8.6 air a chruinneachadh gu an àireamh shlàn as fhaisge gu 9 no 3.063 air a chruinneachadh gu 3.1 (gu 1 ionad deiceach). • Ma tha 0, 1, 2, 3, no 4 a' leantainn na h-àireimh a tha thu a' cruinneachadh, cruinnich an àireamh sìos. Eisimpleir: 33 cruinnichte gu an deich as fhaisge gu 30, 5.4 cruinnichte gu an àireamh shlàn as fhaisge gu 5 no 6.324 cruinnichte gu 6.3 (gu 1 ionad deiceach).
<p><u>Figearan brìgheil</u></p>		<p>Leis an àireamh 368249, is e 3 am figear as brìgheile, oir tha e ag innse dhuinn gu bheil an àireamh a' ciallachadh 3 cheud mìle agus rudeigin. Mar sin, is e 6 an ath fhigear as brìgheile, agus mar sin air adhart.</p> <p>Leis an àireamh 0.0000058763, is e 5 am figear as brìgheile oir tha e ag innse dhuinn gu bheil an àireamh a' ciallachadh 5 milleanamhan is rudeigin. Is e 8 an ath àireamh as brìgheile, agus mar sin air adhart.</p>

Tuairmse agus cruinneachadh

Fulangas

Nam b' e an obair 3.4cm a chomharrachadh air an rùlair seo agus am fulangas air gabhail ris san tomhas nas motha no nas lugha le 0.1cm (1mm) – bhiodh an **dà shaighead dhearg** ceart oir tha iad a' tomhas 3.3cm agus 3.5cm. Tha iad taobh a-staigh 0.1cm (1mm) den tomhas riatanach.

Cha deigheadh gabhail ris an **t-saighead ghorm** oir tha e 3.2cm agus tha sin còrr air 0.1cm (1mm) taobh a-muigh an dearbh thomhais riatanaich. Tha e 0.2cm (2mm) a-mach.



Tha fulangas a' toirt cead airson mearachd.

Is e an raon atharrachaidh as àirde ann am mionaideachd àireamhachaidhean a tha ceadachta taobh a-staigh shuidheachaidhean sònraichte agus co-theacsan, me. *ann an togail, bidh irean iomchaidh fulangais glè bheag.*

Mar eisimpleir;

Dh'fhaodadh gun tèid tomhas a thoirt dhut de 3.4 cm le fulangas de chur-ris no toirt-air-falbh 0.1 cm (1 mm).

Bidh an tomhas a nì thu iomchaidh ma tha e an àite sam bith bho 0.1 cm nas lugha na 3.4 cm gu 0.1 cm a bharrachd air 3.4 cm.

Bhiodh tomhas sam bith bho 3.3 cm gu 3.5 cm freagarrach sa chùis seo.